



Muile-mhàgach air an Rathad!

Bidh tòrr a' tachairt as t-earrach; craobhan fo bhlàth, uain anns na h-achaidhean agus beathaichean a' dùsagdh bho chadal a' gheamhraidh!

Mar a bhios an t-side a' fàs nas blàithe as t-earrach, bidh losgainn agus muileacha-mhàg a' dùsgadh à cadal a' gheamhraidh, agus bidh iad a' lorg àitichean airson briodadh. Lorgaidh na losgainn a' phollag as fhaisge air far an robh iad nan cadal, ach tha na muileacha-màg caran àilgheasach! Bidh muileacha-màg a' dol air ais dhan aon àite gach bliadhna airson briodadh, àite far an robh iomadh ginealach de muileacha-màg romhpa, agus bidh iad an-còmhnaidh a' gabhail an aon rathad. Tha sin a' ciallachadh gum feum iad glè thric a dhol tarsainn rathad airson faighinn gu na lòin briodaidh, agus leanaidh iad orra ged a bhiodh tòrr trafaig air an rathad. Mar a shaoileadh tu, tha seo a' ciallachadh gum bi mòran dhiubh gam marbhadh le càraichean, agus tha iad a' cur feum air cuideachadh airson an turas a dhèanamh gu sàbhailte. Sin as coireach gu bheil mòran sgìrean san Rìoghachd

Aonaichte air àitichean sònraichte a chomharrachadh airson a bhith cinnteach gum faigh na muileacha-màg tarsainn an rathaid gu sàbhailte! Airson faighinn a-mach a bheil àite air a chomharrachadh Toad on the Road faisg ort, thoir sùil air làrach-lìn [Froglife](#).

A bheil fios agad dè an t-eadar-dhealachadh a tha eadar losgann agus muile-mhàg! Tha làrach-lìn Froglife ag ràdh:

Tha craiceann mìn, tais agus casan fada, srianagach air losgainn agus 's àbhaist dhaibh a bhith ann an àrainnean tais anns a' ghàrradh. Saoilidh tu gu bheil foinnean air craiceann muile-mhàg. Tha sùilean soilleir buidhe annta agus 's fheàrr leotha snàigeil seach leum; ma thig cunnart faisg oirre, thèid aig muile-mhàg air i fhèin a shèideadh suas airson gum bi i a' coimhead nas motha. Thèid aig [muileacha-màg](#) air a bhith beò ann an àrainnean nach eil cho fliuch, agus cha bhi iad a' cur seachad uiread a dh'ùine ann an uisge.

Ma tha thu airson caraid losgainn a dhèanamh dhut fhèin, feuch an obair-làimhe gu h-ìosal:



Stiùireadh

Na dh'fheumas tu:

- 1 tiùb pàipear toidhleat
- Peant uaine no pinn dhathach
- Pàipear dathach
- Sreang
- Stapler
- Glaodh agus blu-tac

Mar a nì thu e:

1. Dùin aon cheann dhen tiùb le stapaill.
2. Cuir peant no dath uaine air an tiùb.
3. Tagh pàipear dathach agus geàrr a-mach 4 casan. Chan fheum am pàipear a bhith uaine! Glaodh na casan ris an tiùb.
4. Geàrr a-mach sùilean bhon phàipear gheal. Glaodh na sùilean ris an tiùb.
5. Dèan cuileag le pàipear.
6. Geàrr pìos sreing cho fada ri do ghàirdean. Ceangail aon cheann le stapall ann am beul an losgainn agus an ceann eile ris a' chuileig. Cuir cnap beag air a' chuileig airson beagan cuideim a thoirt dhi.
7. Nuair a bhios e tioram, faic an glac thu a' chuileag ann am beul an losgainn!

